

Plana Gàidhlig 2021-2026

Aithisg Bliadhna a Ceithir

Ro-ràdh

Chaidh an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 21 Ògmhios 2021, agus mairidh e fad còig bliadhna.

Tha a' Ghàidhlig agus a cultar na pàirt chudromach de choimhearsnachdan, dualchas agus fèin-aithne na h-Alba. Le 11 puirt-adhair air feadh na h-Alba agus cha mhòr 1.5 millean luchd-siubhail ann an 2024/25, tha HIAL airson nas urrainn dha a dhèanamh gus taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig agus ri bhith a' togail a h-inbhe air feadh na h-Alba.

Tha suirbhidhean air comharrachadh nach eil Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de luchd-siubhail agus co-obrachaidhean HIAL; mar sin tha sinn a' toirt prìomhachas do ar n-oidhirpean anns na h-àiteachan anns a bheil puirt-adhair agus sgìrean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig dualtach a' bhuaidh as motha a thoirt.

Tha sinn air gealltainn inbhe na Gàidhlig àrdachadh, ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart, agus cleachdadh a' chànain a bhrosnachadh.

Taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig againn tha na gealltanasan coitcheann againn a' gabhail a-steach còig eileamaidean:

- Faicsinneachd
- Luchd-obrach
- Gnothaichean Làitheil
- Conaltradh Corporra
- Corpas

Gus na gealltanasan againn a choileanadh, tha sinn air plana gnìomh ullachadh a tha a' mineachadh nan gnìomhan àrd-ìre a ghabhas sinn thairis air beatha a' Phlana. Tha am plana gnìomh an seilbh na buidhne air fad agus tha diofar roinnean an sàs ann a bhith a' libhrigeadh ar n-amasan.

Le cuideaman ionmhasail leantainneach ann, is iad prìomhachasan ro-innleachdail HIAL a bhith a' libhrigeadh ar prìomh gnìomhan agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil stòrasan air am prìomhachadh a thaobh a bhith a' solarachadh puirt-adhair a tha sàbhailte agus a tha a' gèilleadh ri riaghailtean. Chaidh na gnìomhan ann am Plana na Gàidhlig a bhiodh air an toirt air adhart ann an ceithir bliadhna ath-sgrùdadh aig deireadh bliadhna a trì gus am biodh iad a rèir prìomhachasan ro-innleachdail làithreach HIAL. Ach, tha HIAL fhathast airson a bhith a' coileanadh a ghealltanasan uile sa Phlana Ghàidhlig far an gabh sin dèanamh.

Na choilean sinn

Tha sinn toilichte aithris gun deach 12 de na 13 amasan (92%) tha air am mìneachadh sa Phlana Gnìomh Gàidhlig againn a chrìochnachadh. Chaidh an t-amas a tha fhathast ri choileanadh a ghluasad gu bliadhna a còig mar thoradh air ìre nan goireasan a tha rim faighinn.

Inbhe	Àireamh / %	
Air targaid	12	92%
Air dheireadh air targaid	0	0%
Gun tòiseachadh air	1	8%
Air an stad no air an cur dheth	0	0%
Iomlan	13	100%



Faicsinneachd

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Thug sinn a-steach soidhnichean dà-chànanach mar a bha iomchaidh airson soidhnichean ùra agus soidhnichean a bha a' dol an àite seann soidhnichean tron bhliadhna.

Nì sinn na leanas:

- Cleachdaidh sinn soidhnichean dà-chànanach airson soidhnichean ùra agus ùraichte mar as iomchaidh.



Luchd-obrach

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Rinn sinn grunn iomairtean taobh a-staigh na buidhne gus fòcas a chur air gealltanasan a' Phlana Ghàidhlig agus air an adhartas againn leis agus rinn sinn obair brosnachaidh airson an t-seata-innealan Gàidhlig a tha ri fhaighinn air a' phortal ionnsachaidh againn. Tha sinn air leasan na Gàidhlig air-loidhne aig Ceòlas a bhrosnachadh mar dhòigh ionnsachaidh agus air Seachdain na Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh na buidhne. Tha a' mhòr-chuid den obair brosnachaidh seo taobh a-staigh na buidhne air a bhith dà-chànanach.
- Chuir sinn am Plana Gàidhlig agus an seata-innealan Gàidhlig anns an trèanadh inntigidh air-loidhne againn.
- Thug sinn cumhnant to dh'Fhèisean nan Gàidheal gus trèanadh mothachaidh Gàidhlig a ruith airson co-obraichean HIAL, a chaidh a phàirt mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus a chòrd gu mòr leis na daoine a rinn e.
- Bhrosnaich sinn na "Seiseanan Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig do Bhuidhnean Poblach agus bhuidhnean eile" (air an libhrigeadh le Fèisean nan Gàidheal) air feadh na buidhne.
- Thog sinn mothachadh gu bheil sinn a' cur fàilte air luchd-labhairt na Gàidhlig anns na gnìomhan fastaidh againn, a' gabhail a-steach sna tuairisgeulan dreuchd agus air duilleag nan dreuchdan againn.

Nì sinn na leanas:

- Togaidh sinn mothachadh gu bheil sinn a' cur fàilte air iarrtasan obrach bho dhaoine aig a bheil Gàidhlig.
- Brosnaichidh sinn am Plana Gàidhlig agus ar dealas dhan Ghàidhlig air an taobh a-staigh, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh an t-seata-innealan againn, goireasan ionnsachaidh eile agus Seachdain na Gàidhlig.
- Nì sinn conaltradh le Bòrd na Gàidhlig a thaobh seiseanan mothachaidh Gàidhlig poblach san àm ri teachd.
- Cruinnichidh sinn fiosrachadh bho na sgiobaidhean againn gus na comasan Gàidhlig againn aig an àm seo a thomhas.

Na choilean sinn



Gnothaichean làitheil

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Sgaoil sinn fios a-rithist do na co-obraichean uile gu bheil stuthan iomairt #Cleachdi rim faighinn.
- Rinn sinn iomairt air an taobh a-staigh gus daoine a bhrosnachadh gus a bhith nan Tosgairean Gàidhlig, le dithis a-nis leis an inbhe seo.
- Thug sinn a-steach stuthan sanasachd leis an t-suaicheantas dhà-chànanach air sgrinichean fiosrachaidh seirbheisean adhair. Rinn sinn sgrùdadh air a' chomas barrachd Gàidhlig a chur air na sgrinichean fiosrachaidh mu sheirbheisean adhair ach fhuair sinn a-mach nach biodh seo comasach.
- Rinn sinn suirbhidhean ann am puirt-adhair Bharraigh, Beinn na Faoghla agus Steòrnabhagh gus faighinn a-mach dè an t-iarrtas a th' ann airson conaltradh sgrìobhte is labhairteach sa Ghàidhlig bho luchd-siubhail agus luchd-ùidh, agus ar comas a bhith a' freagairt sa Ghàidhlig.
- Chuir sinn fios air an duilleig Ghàidhlig air làrach-lìn HIAL mu mar a bhios sinn a' toirt seachad freagairt Ghàidhlig do chonaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig.

Nì sinn na leanas:

- Freagraidh sinn conaltradh sgrìobhte sam bith sa Ghàidhlig bho luchd-siubhail no luchd-ùidh fa leth ma tha freagairt a dhith.
- Tairgsidh sinn stuthan #Cleachdi dhan a h-uile co-obraiche a-rithist ann am bliadhna a còig.
- Ruithidh sinn an iomairt a-rithist gus daoine a bhrosnachadh gus dreuchdan mar Thosgaire Gàidhlig a ghabhail.
- Nì sinn rannsachadh am biodh e comasach gum bruidhneadh co-obraichean HIAL sa Ghàidhlig ri luchd-siubhail (mar eisimpleir nuair a bhios iad a' dol tro Thèarainteachd) aig puirt-adhair far a bheil a' Ghàidhlig na cànan coimhearsnachd.

Na choilean sinn



Conaltradh Corporra

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Dh'fhoillsich sinn a h-uile sgrìobhainn chorporra, phoblach ann am Beurla agus Gàidhlig agus dh'fhoillsich sinn iad air an làrach-lìn againn. Chaidh artaigilean naidheachd a tha co-cheangailte ris na sgrìobhainnean corporra fhoillseachadh sa Ghàidhlig cuideachd.
- Chruthaich sinn sreath de phuist dhà-chànanach airson Seachdain na Gàidhlig, le fòcas air briathrachas puirt-adhair.
- Chruthaich sinn sreath de phuist dhà-chànanach airson Seachdain na Gàidhlig, le fòcas air briathrachas puirt-adhair. Dh'ùraich sinn eadar-theangachaidhean Gàidhlig air na prìomh dhuilleagan fiosrachaidh corporra air làrach-lìn HIAL far am robh seo a dhith.
- Dh'fhoillsich sinn duilleag shònraichte mu chultar na Gàidhlig agus cleachdadh an latha an-diugh air làrach-lìn HIAL.
- Chruthaich sinn sreath de phuist dhà-chànanach airson Seachdain na Gàidhlig, le fòcas air briathrachas puirt-adhair. Chuir sinn earrann anns an sgrìobhainn Cuireadh gu Tairgse aig HIAL gus iarraidh air solaraichean am Plana Gàidhlig a leughadh agus gus cumail ris na gealltanasan againn far an gabh sin dèanamh.
- Chruthaich sinn sreath de phuist dhà-chànanach airson Seachdain na Gàidhlig, le fòcas air briathrachas puirt-adhair. Tro aonta le Fèis Rois, thàinig Cèilidh air Chuairt gu Port-adhair Inbhir Nis (tachraidh seo ann am Bliadhna a còig).

Nì sinn na leanas:

- Foillsichidh sinn a h-uile sgrìobhainn chorporra a tha mu choinneamh a' phobaill ann am Beurla agus Gàidhlig, cho math ri artaigilean agus postaichean meadhanan sòisealta sam bith co-cheangailte riutha sa Ghàidhlig.
- Nì sinn cinnteach gun tèid ùrachadh sam bith air na prìomh earrannan againn air làrach-lìn HIAL a dhèanamh aig an aon àm ann sa Bheurla agus sa Ghàidhlig.
- Leanaidh sinn air adhart a' beachdachadh air iarrtasan sam bith airson seirbheisean eadar-theangachaidh mar aon sa Ghàidhlig aig prìomh thachartasan air stèidh cùis ma seach.
- Cumaidh sinn taic ri Seachdain na Gàidhlig 2026 tro na meadhanan sòisealta againn.
- Nì sinn rannsachadh an gabhadh puirt-adhair HIAL a thoirt a-steach do Chèilidh air Chuairt 2026.



Corpas

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Fhuair sinn dearbhadh sgrìobhte a thaobh gèilleadh ris na pròtacalan agus inbhean Gàidhlig a tha a dhith bhon eadar-theangair Gàidhlig a thathar a' cleachdadh gu cunbhalach gus ar n-obair eadar-theangachadh. Tha sinn air dearbhadh fhaighinn bho eadar-theangairean ad-hoc a chleachdas sinn bho àm gu àm gun lean iad na h-inbhean a tha a dhith.

Nì sinn na leanas:

- Siridh sinn dearbhadh sgrìobhte bho eadar-theangairean ùra sam bith gum bi iad a' cumail ris a' phròtacal agus na h-inbhean a tha a dhith.

